


CÀRAID IS CARAN

le Jonathan Meres



Nuair a thàinig seanmhair Chaluim agus Ruaraidh gu a teatha, thuir i an dearbh rud a bhiodh i an-còmhnaidh ag ràdh nuair a thigeadh i.

“Seall an dithis sin. Cho coltach ris an dà sgadan.”

Rinn Calum gàire.

“B’ fheàrr leam gun robh not’ agam airson a h-uile turas a thuir sibh sin, Gran!”

Sheall Ruaraidh ri a bhràthair, an dùil gun cumadh esan seo a’ dol. Ach cha do chùm.

“Uill?” arsa Ruaraidh.

“Uill, dè?” arsa Calum.

“Dè na bhiodh agad an uair sin? Nan robh not’ agad airson a h-uile turas a thuir Gran sin?”

“Mmm ... fuirich gus am faic mi.”

Thàinig drèin air aodann Chaluim agus an eanchainn aige a’ cur nan caran.

“£47,” ars esan mu dheireadh.

“Tha thusa neònach!” arsa Ruaraidh, is e a’ gàireachdainn.

“Dè tha neònach mun sin?” arsa Calum. “Mam! Tha Ruaraidh ag ràdh gu bheil mise neònach!”

“Coma leibh dhen sin le chèile!” arsa Mam.
“Nighibh ur làmhan agus suidhibh aig a’ bhòrd.”

Rinn Calum mar a chaidh iarraidh air. B’ fheudar dhi an aon rud a ràdh ri Ruaraidh trì tursan eile.

Bha iad coltach, agus cha robh, Calum agus Ruaraidh. Cha robh e na iongnadh gun robh iad *a’ coimhead* coltach ri chèile. Dhùilicheadh tu sin seach gur e càraid a bh’ annta. Bha an dithis bàn agus bha an sùilean gorm; bha iad le chèile caol, àrd; bha an aon seòrsa sròin air an dithis, is i a’ tionndadh rud beag an-àirde aig a bàrr. Nuair a choinnicheadh duine riutha an toiseach, cha mhòr gun gabhadh iad an aithneachadh bho chèile. Ach cha robh iad gu tur coltach ri chèile. Cha robh buileach co-dhiù.

Dh’aithnicheadh am màthair agus an athair bho chèile iad. Agus an caraidean. Agus na tidsearan aca. Ach dh’fheumadh fios a bhith agad dè bha thu a’ coimhead air a shon. Dh’fheumadh fios a bhith agad gur ann air Calum a bha ball-dòrain beag air a smiogaid agus gun robh sliseag bheag air falbh à tè de dh’fhiacalan Ruaraidh. Ma bha fios agad air an sin, bha thu ceart gu leòr. Mura robh, dh’fheumadh tu tomhais, no faighneachd, “Cò th’ agam an-dràsta?”

Mas ann ri Calum a chuireadh tu a’ cheist, mar bu trice bheireadh e am freagairt ceart dhut. Bha sin na bu lugha dragh. Agus bhiodh e modhail.

“Calum tha seo,” chanadh e.

Ach nan cuireadh tu a' cheist ri Ruaraidh, mar bu trice 's e am freagairt ceàrr a bheireadh e. A dh'aon bhàgh. Airson fealla-dhà.

“Calum tha seo,” chanadh e, le fiamh beag crosta air aodann.

Ged a bha iad *a' coimhead* cho coltach, cha robh sin idir a' ciallachadh gun robh iad dhen aon ghnè. Sin mar a bha iad aig an aon àm coltach agus aocoltach.

'S e Calum bu chiùine dhen dithis. Bha e socharach, stòlda an taca ri a bhràthair. Bha daoine dhen bheachd gur esan 'Am Fear Solt'; am fear aig am biodh a shròn ann an leabhar, no bhiodh e a' cluiche air a' choimpiutair. 'S e bu shine dhen dithis cuideachd. Agus ged nach robh eatarra ach deich mionaidean, 's e fhathast bu shine agus cha robh Ruaraidh a-riamh air mathanas a thoirt dha airson sin. Cha bhiodh Ruaraidh mionaid na thàmh. Daonnan an sàs ann an diofar rudan agus daonnan a' feuchainn air rudan ùra. An-còmhnaidh air a bheò-ghlacadh le rudeigin agus a' feuchainn air cur-seachad às ùr. Chan fhuireadh inntinn Ruaraidh air rud sam bith fada.

Nuair a bha seanmhair Chaluim agus Ruaraidh ag ullachadh airson falbh, rinn i mar a b' àbhaist dhi. Thug i bonn nota do gach fear dhe na h-oghaichean.

“Taing,” arsa Calum.



Cha tuirt Ruaraidh facal. Mu thràth, bha e a' smaoin eachadh ach dè gheibheadh e leis.

“A Ruaraidh,” arsa Mam, “dè bhios tu ag ràdh?”

“Dè?” arsa Ruaraidh. “Ò, ceart. Tha mi duilich. Aidh, taing Gran! Nach mi tha dona!”

Rinn Gran gàire.

“Feuch nach caith sibh e gu lèir anns a' bhad, a bhalachaibh!” ars ise.

“Tha fios nach caith,” arsa Calum.

Cha tuirt Ruaraidh smid.

“A Ruaraidh,” arsa Mam, “tha do sheanmhair a' bruidhinn riut.”

“Tha mi duilich, Gran, dè bha siud?” arsa Ruaraidh.

“Thuirt mi, na caithibh sin gu lèir anns a' bhad,” arsa Gran.

“Ceart, Gran,” arsa Ruaraidh, agus fiamh a' ghàire a' tighinn air.

Thug Mam sùil air Ruaraidh. 'S math a bha fios aice gur e mìorbhail a bhiodh ann mura dèanadh esan dìreach sin.

“Dè mu dheidhinn cuairt air a' bhaic, Cal?” arsa Ruaraidh.

Cha robh còig mionaidean bho dh'fhalbh Gran. Bha Ruaraidh air a bhith air bhioran bhon uair sin.

“Ò, aidh, ceart gu leòr,” arsa Calum.

“Cha bhi sinne fada, Mam. A bheil sin ceart gu leòr?” dh’èigh Ruaraidh agus e a’ dèanamh air an doras.

“Tìoraidh, Mam,” arsa Calum, is e ga leantainn.
“Càit a bheil sinn a’ dol, Ro?”

Ach cha do fhreagair Ruaraidh. Bha e mach à seo.

“Tìoraidh, a bhalachaibh. Thugaibh an aire oirbh fhèin,” dh’èigh Mam. Bha beachd math aicese càit an robh iad a’ dol. Bha iad a’ dol a chosg an airgid a fhuair iad. Co-dhiù, bha Ruaraidh a’ dol ga chosg. Bhiodh Calum a’ dol còmhla ris.

Agus bha Mam cho ceart ’s a ghabhadh.

“Carson tha sinn a’ stad an seo?” arsa Calum an ceann dà mhionaid.

Cha robh iad air ceann an rathaid a ruighinn. Thàinig Ruaraidh dhen bhaic agus chuir e na sheasamh ri uinneag bùth nam pàipearan e.

“Bha dùil a’ m gun robh sinn a’ dol cuairt?”

“Agus nach eil sinn *air a bhith* cuairt! Cal, a bheil an not’ a bha siud agad?”

“Dè ...?”

“An not’ a thug Gran dhut. A bheil i agad fhathast?”

Sheall Calum ri Ruaraidh mar gun robh e air a dhol às a rian.

“Nach eil fhios agad gu bheil i agam?”

“An toir thu dhomh i air iasad?” arsa Ruaraidh.

“Dè ...?” arsa Calum a-rithist. “Carson?”

“Feuch an ceannaich mi steigearan ball-coise,” arsa Ruaraidh.

“Thalla!” arsa Calum. “Cleachd do chuid airgid fhèin!”

“Chan eil gu leòr agam.”

“Ciamar tha sin? Dè tha iad a’ cosg?”

“35 sgillinn airson pacaid,” arsa Ruaraidh.

Rinn Calum cunntas sgiobalta na cheann.

“Faodaidh tu a-rèist dà phacaid fhaighinn,” arsa esan. “Bidh dà phacaid 70 sgillinn agus gheibh thu 30 sgillinn air ais.”

“Aidh, ach tha mi ag iarraidh barrachd air an sin,” arsa Ruaraidh. “Nan toireadh tusa do nota dhomh air iasad, gheibhinn ... gheibhinn ...”

“Còig pacaidean,” arsa Calum. “Chosgadh còig pacaidean £1.75.”

“Sin agad e!” arsa Ruaraidh. “Gheibheadh tusa 25 sgillinn iomlaid.”

“Chan fhaigheadh,” arsa Calum.

“Dè tha thu a’ ciallachadh leis an sin? Gheibheadh tu!” arsa Ruaraidh.

“Chan fhaigheadh. Chan eil mi dol a thoirt mo nota dhut idir!”

Chanadh tu le coimhead ri Ruaraidh gun robh deireadh an t-saoghail air a thighinn air.



“Dè ...?”

“Tha mise dol a shàbhaladh mo nota!”

“A’ dol ga sàbhaladh? Airson dè? Tha làn an t-saoghail a dh’airgead agad mu thràth!”

“Tha – seach gu bheil mi ga shàbhaladh!” arsa Calum.

“Ach cha bhi thu a’ cur sgillinn dheth a-mach! Dè feum a th’ ann an airgead mura cosg thu e?”

“Tha làn dhùil a’ m a chosg,” arsa Calum. “Nuair a bhios gu leòr agam.”

“Gu leòr airson dè?” dh’fhaighnich Ruaraidh.

“Bòrd-spèilidh.”

“Bòrd-spèilidh?” arsa Ruaraidh. “Hoigh! Tha sin a’ cosg fortan!”

“Aidh, tha fios a’ m,” arsa Calum, cho foighidneach ’s a b’ urrainn dha. “Sin as coireach gu bheil mi a’ sàbhaladh an-àirde!”

Cha robh e furasta do Ruaraidh ciall a dhèanamh dhen seo. Cha robh e a’ tuigse an rud a bha seo mu *shàbhaladh* idir. Sin diofar bunaitich eile eadar e fhèin agus a bhràthair. Bhiodh an-còmhnaidh airgead aig Calum. Cha bhiodh sgillinn uair sam bith aig Ruaraidh. Co-dhiù cha bhitheadh glè fhada.

’S e an aon suim airgid a bhiodh an dithis a’ faighinn, £2.50 airgead-pòcaid san t-seachdain, agus gheibheadh iad nota uair sam bith a thigeadh Gran a chèilidh. Ach nuair a bhiodh Calum ga shàbhaladh, bhiodh Ruaraidh ga chosg cho luath ’s

a ghabhadh. Cha robh cothrom aige air an sin. Bha e mar gum biodh an t-airgead a' losgadh a phòcaid. Agus dh'fheumadh e a chosg mus deigheadh a bhriogais na teine, eadhon air rud nach robh cus aige mu cheann. Cha tigeadh e a-steach air Ruaraidh an t-airgead a chur mu seach. Cha b' urrainn dha airgead a shàbhaladh ged a bhiodh a bheatha an urra ris.

“A bheil thu ag ràdh nach toir thu dhomh an not a-rèist?” arsa Ruaraidh.

“Tha!” arsa Calum. “Cha toir!”

Ach bha Ruaraidh gu math rìghinn. Dh'fheuch e aon char eile.

“Dè mu dheighinn ma cheannaicheas mi siùcairean dhut leis an iomlaid?”

Cha mhòr gum b' urrainn dha Chalum a chluasan a chreidsinn.

“Ceartaichidh mi thu,” ars esan. “An iomlaid *agam fhìn* a bhiodh ann!”

Gu dè an seòrsa bràthar a th' agamsa co-dhiù, ars esan leis fhèin.

“Mam, am faigh mi brògan-cleasachd ùr?” arsa Ruaraidh.

Cha robh iad càil ach a-steach an doras. Bha Calum air aontachadh 5 sgillinn a thoirt dha bhràthair *air iasad* gus am biodh £1.05 aige gu lèir;

gu leòr gus trì pacaidean steigearan ball-coise a cheannach aig 35 sgillinn an tè. Siud an aon dòigh air a chumail sàmhach. Bha Ruaraidh air a dhòigh. Cha robh cho mòr 's a bhiodh e le *còig* pacaidean ach thuig Calum gum biodh e toilichte gu leòr gus *an ath thuras* a bhiodh e ag iarraidh rudeigin a cheannach. Dhen turas seo, cha robh fada aige ri fhuireach. Bha Ruaraidh mar a bha e a-riamh.

“Brògan-cleasachd?” arsa Mam.

“Aidh. Feadhainn airgeadach le dà shrianaig ghorm sìos an taobh agus barrallan snasail buidhe. Chunnaic mi iad sa chatalog. Tha iad cho *cool!* Agus chan eil iad ach seachdad nota, no mar sin!”

Sheall Calum agus a mhàthair ri chèile. Cha robh sgot aig Ruaraidh mu airgead. Cha robh ciall sam bith aige dè luach a bh' ann an airgead. £70 airson brògan-cleasachd, no 35 sgillinn airson steigearan ball-coise. Bha iad an aon rud do Ruaraidh. Chanadh tu gun robh e a' creidsinn gun robh airgead a' fàs air craobhan!

“An tuirt thu *ach* seachdad nota?” arsa Mam.

“Aidh, thuirt. Bargan, nach e?”

“£140 airson brògan-cleasachd! Cha chuala mi a leithid!”

Rinn Ruaraidh osann. Cha robh cuimhn' aige gum feumadh Calum brògan-cleasachd ùra fhaighinn cuideachd.

“Tà, Mam, cha leig sinn a leas an t-aon rud a bhith oirnn an-còmhnaidh,” arsa Ruaraidh, “ged is e càraid a th’ annainn.”

“Sin mar as fhasa cùisean,” arsa Mam.

“S ann dhuibhse, ’s dòcha,” arsa Ruaraidh, “ach chan ann dhuinne. Cha mhòr nach cuir e nàir’ ort aig an aois againne. Chan e trì a tha sinn a-nis. Cha mhòr nach eil sinn aon-deug!”

“Chan eil e gu diofar leamsa,” arsa Calum. “Is toigh leamsa an t-aon aodach a bhith oirnn.”

“Cal, nach dùin thu do chab!” arsa Ruaraidh fo anail.

“An còrdadh brògan-cleasachd ùra riutsa, a Chalum?” dh’fhaighnich Mam.

Sheall Ruaraidh ri a bhràthair, a’ miannachadh le uile chridhe gun canadh e gun còrdadh. Bhiodh iad ag ràdh gum b’ urrainn do chuid de chàraidean inntinn a chèile a leughadh. Uill, seo an t-àm gus faighinn a-mach an leughadh Calum an inntinn *aigesan*.

“Mmm ... Chan eil e gu diofar leamsa,” arsa Calum. “Tha an fheadhainn a th’ agam ceart gu leòr, tapadh leibh, Mam.”

Cha mhòr nach tuirt Ruaraidh droch fhacal. Cha robh cus de leughadh inntinn a chèile an siud!

“Siud do fhreagairt, a Ruaraidh, tha eagal orm,” arsa Mam.

“Chan fhaigh mi iad a-rèist?” arsa Ruaraidh.
“Seach gu bheil Calum Ciallach againn an seo?”

“Tha mi duilich, a ghaoil, ach chan eil *feum* sam bith agad orra. ’S e a th’ ann gu bheil thu *gan iarraidh*,” arsa Mam.

Agus rinn Mam gàire beag co-fhaireachdail. Ach cha robh Ruaraidh a’ dol a stad aig an sin. *Bha* feum aige air na brògan-cleasachd ud!

Mar nach robh feum aige air rud a-riamh na bheatha. Bha e seachd sgèth de dhaoine a’ diùltadh rudan dha. Carson nach dèanamh iad mar a bha e ag iarraidh? An robh sin a’ dùileachadh cus?

“Nam biodh *feum* agad orra, bhiodh sin diofraichte,” arsa Mam.

Smaoinich Ruaraidh mun sin airson mionaid.

“Am bitheadh dha-rìribh?” ars esan.

“Nach eil fhios gum bitheadh!” arsa Mam le gàire beag eile. “Cha leigeadh sinn leat a bhith a’ ruith mun cuairt le brògan-cleasachd làn tholl!”

Mmm, smaoinich Ruaraidh leis fhèin. *Inntinneach. Gu math inntinneach.*

“Uill, an leigeadh?” arsa Mam.

“Dè?” arsa Ruaraidh. “Mmm, tha mi a’ creids’ nach leigeadh, Mam.”

Thug Calum sùil air a bhràthair. Bha e eòlach gu leòr air airson aithneachadh gun robh rudeigin a’ dol na inntinn. Ach dè?

“Bheil thu nad chadal fhathast, Cal?” arsa Ruaraidh gu socair fo anail.

“Chan eil, carson?” fhreagair Calum.

“Chan eil airson càil. Cha robh mi cinnteach.”

“Leigidh mi ris dhut nuair a bhitheas, ma thogras tu!”

“Ò, dùin do chab!”

Bha iad nan laighe san leabaidh. Seach gur e Calum bu shine, ged nach robh ann ach na deich mionaidean, bha esan sa bhunc gu h-àrd. Bha Ruaraidh sa bhunc gu h-ìosal. Bha e fada an dèidh deich uairean. Bha onghail *Match of the Day* a’ tighinn bhon telebhisean san t-seòmar-suidhe. Bha e cho àrd ’s ged a bhiodh tu aig a’ ghèam; ach aig gèam cha bhi cuideigin le microfòn a’ gleadhraich a h-uile gluasad nad chluais gach dàrna diog.

“Rooney a’ toirt a’ bhuill sìos le bhroilleach! A’ tionndadh! Tha am ball san lìon! Tadhal gu neoni!”

Bha Ruaraidh a’ feitheamh ’s a’ feitheamh. Bha *esan* na làn-dhùisg. Chan ann ri linn othail an telebhisean ach seach gun robh plan’ aige. Agus ma bha e a’ dol a dh’obrachadh, dh’fheumadh a bhràthair a bhith na chadal.

Mu dheireadh, rinn Ruaraidh dheth gun robh Calum air sguir a ghluasad mun cuairt anns a’ bhunc os a chionn. Bha anail na bu truime. Bha e cinnteach gu leòr gun robh e air tuiteam na chadal. Seo an t-àm airson gluasad.

Dh'èirich e cho socair 's a b' urrainn dha agus dh'èalaidh e sìos an tranntsa. Chluinneadh e a mhàthair a' plumadaich san amar 's i a' gabhail òrain leatha fhèin. Bhiodh i greis mhath an siud. Chaidh e sìos an staidhre air a chorra-biod, chuir e a cheann timcheall doras an t-seòmair-suidhe. Dìreach mar a bha e an dùil, bha srann aig athair air beulaibh an telebhisein. *Math dha rìribh*, smaoinich Ruaraidh, is e a' dèanamh air a' phoirdse.

Bhiodh an-còmhnaidh sreath de bhrògan an sin. Feadhainn Dad, feadhainn Mam, agus feadhainn le Calum agus le Ruaraidh. Ach bha rudeigin ceàrr. Chunnaic Ruaraidh sin anns a' bhad. Cha robh ann ach aon phaidhir de bhrògan-cleasachd. Bha aon phàidhir a dhìth. *Feadhainn Chaluum*. Bha fios aig Ruaraidh air an sin oir bha 'R' am broinn nam brògan aigesan, mar a bha sa chòrr de bhrògan agus de a chuid aodaich. Sin an aon dòigh air an cumadh iad sgeul air an cuid fhèin.

Càit am biodh brògan-cleasachd Chaluum? An fheadhainn a bha Calum am beachd a bha ceart gu leòr? Ach cha bhiodh iad ceart gu leòr nuair a gheibheadh Ruaraidh grèim orra, sin aon rud cinnteach! Dè bha Mam air a ràdh? “Cha leigeadh sinn leat a bhith a' ruith mun cuairt le brògan-cleasachd làn tholl!” Uill, mun àm a bhiodh Ruaraidh deiseil 's iad, bhiodh barrachd tholl ann na bhiodh ann de bhrògan! Cha bhiodh roghainn aig a phàrantan mosach. *Dh'fheumadh* iad feadhainn ùra a cheannach! Dhan *dithis* aca!



Chaidh Ruaraidh dhan chidsin. Dh'fhosgail e drathair agus thug e mach siosar mòr. “An dearbh rud,” ars esan leis fhèin. “Nì seo an gnothach glè mhath!”

Dh'èalaidh e air ais suas an staidhre agus a-steach dhan t-seòmar-cadail. An dùil na chuir Calum a bhrògan-cleasachd dhan phreas-aodaich?

Dh'fhosgail e an doras, ach cha robh. iad an siud idir. *An dùil an robh iad fon leabaidh?* Cha robh brògan-cleasachd an sin a bharrachd.

Gu h-obann, agus gun ghuth aig Ruaraidh air càil, chual' e diog bheag. Bha Calum air solas na leapa a chur air.

“An dùil an e seo a tha thu a' lorg, Ro?”

“Àaaagggghhhh!” dh'èigh Ruaraidh.

Sheall e suas agus chunnaic e gun robh Calum air cuibhrig na leapa a thilgeil air ais. Bha e na phiseàmas ach nuair a thug Ruaraidh sùil na b' fhaisge, chunnaic e gun robh a bhrògan-cleasachd air Calum cuideachd. Bha beachd math aige dè bh' aig Ruaraidh san amharc. 'S dòcha gum b' aithne dha inntinn a bhràthar a leughadh an dèidh a h-uile rud!

“B' fheàrr dhut a bhith rudeigin faiceallach leis an t-siosar sin,” arsa Calum. “Dh'fhaodadh tu droch mhilleadh a dhèanamh leis!”

Ach mus b' urrainn do Ruaraidh an còrr a ràdh, thàinig gnogadh chun an dorais.

“Bheil sibh ceart gu leòr, a bhalachaibh?”

“Tha, sinn a tha,” fhreagair Calum. “Bha seòrsa de dhroch aisling aig Ruaraidh, nach robh, a Ruaraidh?”

“Aidh, bha,” arsa Ruaraidh, agus e a’ cur drèin air ri a bhràthair.

Is dòcha gun robh Calum air a bhith ro sheòlta air a shon *dhen turas seo*, ach bhiodh turas eil’ ann. Agus turas eile, nam feumar! Bha aon rud cinnteach. Dòigh air choreigin, gheibheadh Ruaraidh a làmhan air na brògan-cleasachd ud fhathast.

Bha e an dùil gur e smuain glè mhath a bh’ ann aig an àm. Le peansail dathach rinn e ball-dòrain a bhràthar pinc fhad ’s a bha e na chadal. Sheas e an uair sin air beulaibh an sgàthain agus le peansail donn, rinn e làrach ball-dòrain air fhèin san dearbh àite san robh fear air Caluim. Ach a-nis, agus e a’ fosgladh doras a’ chidsin, cha robh Ruaraidh cho buileach cinnteach. An dùil an obraicheadh seo le a phàrantan? *O, will, ars esan leis fhèin, chan eil ach aon dòigh air sin fhaighinn a-mach.*

Nuair a choisich Ruaraidh a-steach, bha athair na sheasamh ris an t-sinc a’ dèanamh copan cofaidh dha fhèin.

“Madainn mhath, a bhalaich.”

“Madainn mhath, Dad.”



A *bhalaich*, smaoinich Ruaraidh. Sin a thuirt athair. Ach an robh fios aige cò am fear de na balaich?

“A bheil do bhràthair a’ tighinn sìos?”

“Tha mi smaoinichadh gu bheil, Dad. Aidh, tha.”

Bràthair, smaoinich Ruaraidh. Thuirt e *bràthair*. Ach cò am bràthair?

Thionndaidh Dad agus thug e sùil air Ruaraidh. Thug Ruaraidh sùil bheag air ais. Dh’fheumadh e comharra air choreigin fhaighinn. An robh Dad a’ smaoinichadh gur e Calum a bh’ ann no nach robh?

“Thuirt Mam gun robh droch aisling aig Ruaraidh a-raoir.”

“Bha. Bhaaaa!” arsa Ruaraidh fo anail. Bha e air a char a thoirt à Dad!

“Dè thuirt thu?” arsa Dad.

“Ò, bha; bha sin aige,” arsa Ruaraidh air a shocair.

Seo a’ mhionaid. Bha fhios aig Ruaraidh gum feumadh e gluasad mus tigeadh duine eile a-steach a chuireadh cùisean troimhe-chèile.

“Dad?”

“Dè?”

“Am faigh mi brògan-cleasachd ùra?”

Thug athair balgam às a chofaidh.

“Bha dùil a’ m gun robh an fheadhainn a bh’ agad ceart gu leòr.”

“Dè?” arsa Ruaraidh.

“Sin a thuirt Mam. Thuirt i gun tuirt thu gun robh an fheadhainn a bh’ agad ceart gu leòr.”

“Ò, aidh, ach dh’atharraich mi m’ inntinn,” arsa Ruaraidh. “Thug mi sùil eile orra agus chan eil iad glè mhath idir. Tha mi feumach air feadhainn ùra.”

“Seadh,” arsa Dad. “Tha thu *feumach* orra, a bheil?”

“Gun teagamh; tha.”

“Ceart.”

“Am faigh mi iad a-rèist, Dad?” arsa Ruaraidh. “Nam biodh sibh cho math!”

“Hmmm,” arsa Dad.

Sin nuair a dh’fhosgail an doras agus choisich Mam a-steach.

“Tha *Calum* an seo air inntinn atharrachadh,” arsa Dad.

“Seadh?” arsa Mam.

“Tha; tha e an dùil gu bheil e feumach air brògan-cleasachd ùra an dèidh a h-uile rud.”

“Seadh?” arsa Mam a-rithist. “Tha sin inntinneach.”

Thug i sùil gheur air Ruaraidh.

“Saoilidh mise nach e sin *an aon rud* a dh’atharraich.”

“Dè tha sibh a’ ciallachadh?” arsa Ruaraidh.

“Tha am ball-dòrain a bh’ air do smiogaid air a dhol chun an taobh eile,” arsa Mam. “B’ àbhaist dha bhith air an taobh dheis. Tha e a-nis air an taobh chli.”

“Abair iongantach!” arsa Dad.

Bha fios aig Ruaraidh gun robh e aig ceann an rathaid seo.

Rinn Mam gàire.

“Deagh oidhirp, a Ruaraidh. An ath thuras, cuimhnich gum bi thu a’ faicinn rudan san sgàthan mar gum biodh iad air an taobh eile. Ceart?”

“Ceart, Mam,” arsa Ruaraidh. Rinn Ruaraidh gàire mòr agus chitheadh an saoghal mòr an fhiacaill bhriste aige.

Dh’fhosgail an doras agus choisich Calum ceart a-steach, le spot gu math pinc air a smiogaid far am b’ àbhaist am ball-dòrain aige a bhith. Thug Mam, Dad agus Ruaraidh sùil air agus thòisich iad a’ lachanaich.

Cha robh Calum a’ tuigsinn carson a bha iad a’ gàireachdainn.

“Carson a tha sibh gam choimhead mar sin?” arsan. “Carson a tha sibh a’ gàireachdainn?”

“Tha rudeigin air do smiogaid,” arsa Ruaraidh.

“Seo dhut, Cal,” arsa Ruaraidh.

Bha seo an dèidh na bracaist. Bha an dithis san t-seòmar-cadail a’ cur an cuid aodaich umpa. Bha iad air am peann dathte a ghlanadh bhon aodainn.

“Dè tha sin?” arsa Calum.

“Tha na còig sgillinn a th’ agam ri thoirt dhut,” arsa Ruaraidh. “Tha sinn sguàidhear a-nis.”

“Chan eil sinn,” arsa Calum.

“Dè tha thu a’ ciallachadh? Tha sinn! Thug thusa dhòmhsa còig sgillinn air iasad agus sin iad agad air ais!”

“Aidh, ach tha sia sgillinn agad ri thoirt dhomh!”

“Sia sgillinn?” arsa Ruaraidh. “Ciamar tha sin?”

“Sgillinn riadh.”

“Dè tha thu a’ ciallachadh, sgillinn riadh? Cò air a tha thu a-mach?”

“Nuair a bhios tu a’ faighinn airgid air iasad bhon bhanca agus ga phàigheadh air ais, feumaidh tu beagan a bharrachd a thoirt dhaibh,” mhìnich Calum dha. “Canaidh tu ‘riadh’ ris an sin.”

“Chan eil sin cothromach,” arsa Ruaraidh.

“Tha fios gu bheil e cothromach,” arsa Calum.

“Chan urrainn dhut fhaighinn air iasad an-asgaidh.”

Rinn Ruaraidh osann. Bu cho math dha bhràthair a bhith a’ bruidhinn ann an cainnt choimhich.

“Tha taobh math air cuideachd,” arsa Calum.

“Seadh?” Cha robh Ruaraidh a’ coimhead glè chinnteach mun seo.

“Aidh, tha,” arsa Calum. “Ma chuireas tu airgead mu seach nad chunntas-banca, pàighidh am banca riadh *dhutsa!*”

“A bheil sin ceart?” arsa Ruaraidh, agus beagan beò a’ tighinn ann.

“Aidh, tha,” arsa Calum. “Agus mar as motha a th’ agad nad chunntas, ’s ann as motha a gheibh thu de riadh.”

Smaoinich Ruaraidh mun seo airson mionaid.

“Oooo! Cha robh càil a dh’fhios agam!” Rinn Ruaraidh gàire.

“Tha sin ri linn ’s nach bi airgead agad nad chunntas-banca uair sam bith! Feuch ri beagan a shàbhaladh an àite a bhith ga chosg sa bhad!”

Cha do fhreagair Ruaraidh. Bha rud air a thighinn a-steach air.

“Ò, o, o,” ars esan.

“Dè tha ceàrr?” arsa Calum.

“A bheil sin a’ ciallachadh gu bheil agam ri riadh a phàigheadh dha Dad?”

“Chan eil mi a’ tuigsinn,” arsa Calum. “Carson a bhiodh agad ri riadh a phàigheadh dha Dad?”

Rinn Ruaraidh gàire.

“Cò às a tha thu a’ smaoineachadh a fhuair mi na còig sgillinn?” ars esan.

Sheall Calum ri a bhràthair.

“Fuirich gus an obraich mi seo a-mach. Fhuair thu airgead air iasad bho **Dad** gus am pàigheadh tu mise air ais?”

Ghluais Ruaraidh a ghualainn cho coma, mar nach biodh diù sam bith aige.

“Cò às eile bha mi dol ga fhaighinn?”

Chual’ iad fuaim aig an doras. Choisich Mam agus Dad a-steach. Cha robh coltas buileach toilichte orra.

“Tha mi fhìn agus Dad air a bhith a’ beachdachadh air cùisean, a Ruaraidh,” arsa Mam.

“Seadh,” arsa Ruaraidh. “Cò mu dheidhinn?”

“Mu na brògan-cleasachd ud a bha thu ag iarraidh,” arsa Mam. “No an fheadhainn air an robh *feum* agad.”

“O, uill, tha e mar seo ...” thòisich Ruaraidh.

Ach cha do leig Mam leis crìochnachadh.

“Nan sguireadh tu a chosg d’ airgead-pòcaid an diog a gheibh thu e, agus nan cuireadh tu beagan dheth mu seach ... can, £20 ...”

Stad Mam airson gun tuigeadh iad an rud ceart.

“Bheireadh sinne dhut an còrr!”

Thàinig gàire mòr air Mam agus Dad.

“An cual’ thu siud, a Ruaraidh?” arsa Dad. “Chan e *iasad* a thuirt sinn; ach gun *tugadh sinn dhut e!*”

“Agus cha cheannaich sinn an aon seòrsa do Chalum a bharrachd,” arsa Mam. “Faodaidh sibh a bhith eadar-dhealaichte dhen turas seo!”

“Dè do bheachd, a Ruaraidh?” arsa Dad.

Ceist mhath. Dè *bu chòir* dha Ruaraidh a ràdh?

“Tha sin gu math còir, Mam.”

“Agus cothromach gu leòr?” arsa Dad.

“Gu math cothromach,” arsa Ruaraidh. “Ach ...”

“Seadh, ach dè, a bhalaich?”

Sheall Ruaraidh ri a phàrantan airson tiota.

“Chan eil mi ag iarraidh brògan-cleasachd.”

“Dè?” arsa Mam.

“Dè?” arsa Dad.

“Tha mi air m’ inntinn atharrachadh,” arsa Ruaraidh. ‘S e tha mi ag iarraidh ach bòrd-spèilidh!”

“Bòrd-spèilidh?” arsa Mam.

Sheall an dithis bhràithrean ri chèile agus rinn iad gàire.

“Cat-copaidh!” arsa Calum.